

## Duilleag Fiosrachaidh 7

### COP26 – Sgrùdadh beachd a' phobaill

#### **Carson a nithear sgrùdadh beachd a' phobaill?**

Tha Ùghdarris Poileas na h-Alba (SPA) a' cumail suas, a' toirt taic, riaghlaigh is stiùireadh do obair-phoileis ann an Alba. Tha tuigse dhomhainn bho sgrùdaidhean neo-eisimeileachd beachd a' phobaill, air an iarraidh leis an Ùghdarris, na pàirt riatanach de bhith a' toirt taic do lìbhrigeadh a' ghnìomha seo, agus a' cur ri tuigse an Ùghdarris air na tha am poball a' fiosrachadh 's a' saoilsinn mu obair a' phoileis.

#### **Ciamar a làimhsich sinn ar sgrùdadh beachd a' phobaill COP26?**

San t-Samhain 2021, dh'íarr an t-Ùghdarris air The Diffley Partnership còrr is 1,000 luchd-còmhnaidh ann an sgìre còd-puist G (Mòr-roinn Ghlaschu) a sgrùdadh tro [ScotPulse](#), am pannal-rannsachaидh air-loidhne, le ceistean a bha a' toirt aire gheur do obair a' phoileis aig àm COP26.

#### **Tuigse dhomhainn**

- Bha a' mhòr-chuid (60%) den luchd-freagairt gu leir taiceil do dhòigh-obrach a' phoileis aig àm COP26.
- Bha boireannaich na bu thainicile don dòigh-obrach na fireannaich.
- Cha robh luchd-freagairt nas òige (16-34) cho taiceil/fàbharach 's a bha luchd-freagairt nas sine.
- Tha mòr-chuid chudromach den luchd-freagairt gu lèir a' smaoineachadh gu bheil obair-phoileis timcheall luchd-iomairt is luchd-coiteachaidh aig tachartasan leithid COP26 dùblanach, doirbh don phoileas (77%) agus gun do rinn Poileas Alba deagh obair a' dèanamh cinnteach gun robh caismeachdan is iomairtean (63%) air an deagh stiùireadh agus gun cualas guthan an luchd-coiteachaidh (65%).
- Shaoil a' mhòr-chuid gun robh Poileas Alba math air buaireadh sam bith a bharrachd a rinneadh le ploighean sìtheil ach mì-laghail, leithid stopadh rathaidean (56%), a chumail sìos.
- Thagh roinn chudromach den luchd-freagairt 'chan eil fhios agam' no 'chan eil beachd agam' airson gach ceiste; agus

- Cha robh ach eadar 3-4% de luchd-freagairt air compàirt a ghabhail ann an tachartasan, coiteachadh no caismeachdan aig àm COP26.

## Prìomh-thoraidhean

### Dòigh-obrach a' phoileis aig COP26

Bha a' mhòr-chuid (60%) den luchd-freagairt gu leir taiceil do dhòigh-obrach a' phoileis aig àm COP26. Gidheadh, meudaichidh seo gu 79% nuair a bheirear an fheadhainn a fhreagair "chan eil fhios/beachd agam" air falbh bhon iomlan.

Clàr 1: Dòigh-obrach a' phoileis aig COP26 (%)	Gu h-iomlan
<b>Tha mi a' toirt mo làn-thaic/thaic do dhòigh-obrach a' phoileis</b>	60%
<b>Chan eil mi/chan eil mi idir taiceil do dhòigh-obrach a' phoileis</b>	16%
<b>Chan eil fhios/beachd agam</b>	24%

Bha boireannaich nas dualtaiche bhith taiceil do dhòigh-obrach a' phoileis aig àm COP26 na fireannaich (61% gu 58%), ged a mheudaicheas seo gu 84% agus 75% nuair a bheirear air falbh freagairtean chan eil fhios/beachd agam.

Clàr 2: Dòigh-obrach a' phoileis aig COP26 – Gnè (%)	Fireannaich	Boireannaich
<b>Tha mi a' toirt mo làn-thaic/thaic do dhòigh-obrach a' phoileis</b>	58%	61%
<b>Chan eil mi/chan eil mi idir taiceil do dhòigh-obrach a' phoileis</b>	19%	12%
<b>Chan eil fhios/beachd agam</b>	23%	27%

Bha taic a' meudachadh le aois cuideachd, oir bha 40% de luchd-freagairt aois 16-34 a' toirt an làn-taic no taic don dòigh-obrach an coimeas ri 77% de luchd-freagairt aois 65 no nas sine. Ged a bha 40% de dhaoine aois 16-34 taiceil, seo an fhreagairt a bu bhitheanta fhathast agus nas àirde na feadhainn a dh'aithris nach robh iad taiceil (26%). Nuair a bheirear na freagairtean chan eil fhios/beachd agam air falbh, meudaichidh taic gu 60% de dhaoine aois 16-34, 81% aois 35-44, 85% aois 45-54, 88% aois 55-64 agus 92% aig feadhainn còrr is 65 bliadhna a dh'aois.

<b>Clàr 3: Dòigh-obrach a' phoileis aig COP26 – Aois (%)</b>	<b>16-34</b>	<b>35-44</b>	<b>45-54</b>	<b>55-64</b>	<b>65+</b>
<b>Tha mi a' toirt mo làn-thaic/thaic do dhòigh-obrach a' phoileis</b>	40%	61%	65%	73%	77%
<b>Chan eil mi/chan eil mi idir taiceil do dhòigh-obrach a' phoileis</b>	26%	15%	11%	10%	7%
<b>Chan eil fhios/beachd agam</b>	34%	24%	24%	17%	16%

### Dèanadas a' phoileis aig COP26

Chaidh faighneachd do luchd-freagairt dè cho math no dona a rinn Poileas Alba mu choinneamh ceithir rudan ri lìbhrigeadh.

Shaoil a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gun do lìbhrig Poileas Alba co-labhairt shàbhailte do mhuinntir Għlaschu agus luchd-turais (71% agus 72%), gun do rinn Poileas Alba cinnteach gun robh caismeachdan is iomairtean air an deagh stiùireadh agus gun robh cead aig luchd-caismeachd is luchd-coiteachaidh an guthan a thogail (63% agus 65%).

Nuair a bheirear chan eil fhios/beachd agam air falbh, chithear na leanas: Lìbhrig Poileas Alba co-labhairt shàbhailte airson muinntir Għlaschu is luchd-turais (84% agus 89%), 's gun do rinn Poileas Alba cinnteach gun robh caismeachdan is iomairtean air an deagh stiùireadh, 's gun robh cead aig luchd-caismeachd is luchd-coiteachaidh an guthan a thogail (83% agus 84%).

### Clàr 4: Dèanadas a' phoileis (%)

	<b>Gu h-iomlan</b>
<b>A' lìbhrigeadh co-labhairt shàbhailte do mhuinntir Għlaschu</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>
	Glè dhona/dona gu ìre
	Chan eil fhios agam
<b>A' lìbhrigeadh co-labhairt shàbhailte do luchd-turais, nam measg, riochdairean agus luchd-coiteachaidh</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>
	Glè dhona/dona gu ìre
	Chan eil fhios agam
<b>A' dèanamh cinnteach gun robh caismeachdan is iomairtean aig àm na co-labhairt air an deagh stiùireadh</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>
	Glè dhona/dona gu ìre
	Chan eil fhios agam
<b>A' dearbhadh gun robh cead aig luchd-caismeachd agus luchd-coiteachaidh an guthan a thogail</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>
	Glè dhona/dona gu ìre
	Chan eil fhios agam


Shaoil a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gun do rinn Poileas Alba "Glè mhath/Math gu ìre" ge be an gnè thairis air na ceithir rudan ri lìbhrigeadh. Gidheadh, bha boireannaich na bu bhuailtiche na fireannaich air "Glè mhath/Math gu ìre" a thaghadh. Nuair a bheirear chan eil fhios/beachd agam air falbh tha taic nam ban a' dol bho 89% gu 95% agus taic nam fear bho 76% gu 84%.

Clàr 5: Dèanadas a' phoileis - Gnè (%)		Fireannaich	Boireannaich
<b>A' lìbhrigeadh co-labhairt shàbhailte do mhuinntir Ghlaschu</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>	<b>70%</b>	<b>72%</b>
	Glè dhona/dona gu ìre	18%	9%
	Chan eil fhios agam	12%	19%
<b>A' lìbhrigeadh co-labhairt shàbhailte do luchd-turais, nam measg, riochdairean agus luchd- coiteachaidh</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>	<b>71%</b>	<b>73%</b>
	Glè dhona/dona gu ìre	14%	4%
	Chan eil fhios agam	15%	23%
<b>A' dèanamh cinnteach gun robh caismeachdan is iomairtean aig àm na co-labhairt air an deagh stiùireadh</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>	<b>58%</b>	<b>67%</b>
	Glè dhona/dona gu ìre	19%	8%
	Chan eil fhios agam	23%	25%
<b>A' dearbhadh gun robh cead aig luchd-caismeachd agus luchd- coiteachaidh an guthan a thogail</b>	<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>	<b>60%</b>	<b>69%</b>
	Glè dhona/dona gu ìre	17%	8%
	Chan eil fhios agam	23%	23%

Shaoil cuid nas motha de luchd-freagairt gun do rinn Poileas Alba "Glè mhath/Math gu ìre" ge be an aois thairis air na ceithir rudan ri lìbhrigeadh. Gidheadh, anns a' chumantas, bha luchd-freagairt nas sine na bu bhuailtiche "Glè mhath/Math gu ìre" a thaghadh na an fheadhainn nas òige, le sgaradh 20 puing de cheudad no barrachd eadar na h-aoisean 16-34 agus 65+ thairis air gach rud ri lìbhrigeadh.

Nuair a bheirear chan eil fhios/beachd agam air falbh tha taic a' dol bho 68% gu 78% sna h-aoisean 16-34, 83% gu 93% sna h-aoisean 35-44, 86% gu 91% sna h-aoisean 45-54, 91% gu 97% sna h-aoisean 55-64 agus 93% gu 97% sna h-aoisean còrr is 65 bliadhna.

**Figeor 1: Dèanadas a' phoileis – Aois (%)**



### A' cumail sìos buaireadh a bharrachd

Chaidh faighneachd do luchd-freagairt dè cho math 's a rinn Poileas Alba air buaireadh a bharrachd le coiteachadh sìtheil, ach mì-laghail, a chumail sìos. Bha 56% de luchd-freagairt am beachd gun do rinn Poileas Alba 'Glè mhath/Math gu ìre' agus meudaichidh seo gu 68% nuair a bheirear freagairtean chan eil fhiosteach agam air falbh bhon iomlan.

**Clàr 6: A' cumail sìos buaireadh a bharrachd (%)**

Gu h-iomla n
Glè mhath/Math gu ìre
Glè dhona/dona gu ìre
Chan eil fhiosteach agam

Shaoil a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gun do rinn Poileas Alba "Glè mhath/Math gu ìre" a thaobh buaireadh a bharrachd a chumail sìos ge be an gnè. Bha boireannaich na bu bhualtiche air "Glè mhath/Math gu ìre" a thaghadh na fireannaich. Nuair a bheirear freagairtean chan eil fhiosteach agam air falbh, thagh 74% de bhoireannaich agus 63% de dh'fhireannaich "Glè mhath/Math gu ìre".

<b>Clàr 7: A' cumail sìos buaireadh a bharrachd – Gnè (%)</b>	<b>Fireannaich</b>	<b>Boireannaich</b>
<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>	54%	58%
<b>Glè dhona/dona gu ìre</b>	32%	21%
<b>Chan eil fhios agam</b>	14%	21%

Shaoil a' mhòr-chuid de luchd-freagairt os cionn 35 bliadhna a dh'aois gun do rinn Poileas Alba 'Glè mhath/Math gu ìre' air buaireadh a bharrachd a chumail sìos, ach shaoil cuid na bu mhotha de dh'aoisean 16-34 gun do rinn Poileas Alba 'Glè dhona/dona gu ìre'.

Nuair a bheirear chan eil fhios/beachd agam air falbh tha taic a' meudachadh gu 47% sna h-aoisean 16-34, 71% sna h-aoisean 35-44, 79% sna h-aoisean 45-54, 80% sna h-aoisean 55-64 agus 83% sna h-aoisean còrr is 65 bliadhna.

<b>Clàr 8: A' cumail sìos buaireadh a bharrachd - Aois (%)</b>	<b>16-34</b>	<b>35-44</b>	<b>45-54</b>	<b>55-64</b>	<b>65+</b>
<b>Glè mhath/Math gu ìre</b>	39%	55%	65%	67%	70%
<b>Glè dhona/dona gu ìre</b>	44%	22%	17%	17%	14%
<b>Chan eil fhios agam</b>	17%	23%	18%	16%	16%

### **Obair-phoileis an lùib chom-pàirtean co-strìtheach**

Tha 54% de luchd-freagairt 'Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh' gun do dh'aithnich Poileas Alba nan dòigh-obrach aig COP26 an liuthad chom-pàirtean co-strìtheach a bha an-sàs, agus meudaichidh seo gu 66% nuair a bheirear freagairtean chan eil fhios/beachd agam air falbh.

Tha 77% de luchd-freagairt 'Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh' gu bheil obair-phoileis timcheall luchd-iomairt is luchd-coiteachaidh aig mòr-thachartasan coltach ri COP26 dùbhlach, doirbh, agus meudaichidh seo gu 83% nuair a bheirear freagairtean chan eil fhios/beachd agam air falbh.

**Clàr 9: Aithneachadh chom-pàirtean co-strìtheach agus doirbhead an obair-phoileis (%)**

		<b>Gu h-iomlan</b>
<b>Dh'aithnich Poileas Alba nan dòigh-obrach aig COP26 an liuthad chom-pàirtean co-strìtheach a bha an-sàs</b>	<b>Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh</b>	<b>54%</b>
	Chan eil mi ag aontachadh no ag eas-aontachadh	16%
	Ag eas-aontachadh gu mòr/Ag eas-aontachadh	13%
	Chan eil fhios agam	17%
<b>Tha obair-phoileis timcheall luchd-iomairt is luchd-coiteachaidh aig tachartasan coltach ri COP26 dùblanach, doirbh do na feachdan-poileis.</b>	<b>Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh</b>	<b>77%</b>
	Chan eil mi ag aontachadh no ag eas-aontachadh	9%
	Ag eas-aontachadh gu mòr/Ag eas-aontachadh	7%
	Chan eil fhios agam	7%

Tha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt, ge be air bith an gnè, 'Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh' gun do dh'aithnich Poileas Alba nan dòigh-obrach aig COP26 an liuthad chom-pàirtean co-strìtheach a bha an-sàs agus gu bheil obair-phoileis timcheall luchd-iomairt dùblanach, doirbh do na feachdan-poileis. Bha boireannaich na bu bhualtiche a bhith 'Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh' na fireannaich ris an dà aithris.

Nuair a bheirear freagairtean chan eil fhios/beachd agam air falbh, mheudaich aonta nam ban gu 71% a thaobh aithne air com-pàirtean co-strìtheach agus 85% a thaobh aithne air doirbhead an dùblain. Do na fireannaich, mheudaich seo gu 61% agus 80% air leth.

'S fhiach toirt fa-near gun robh aonta a thaobh doirbhead cus na bu mhotha na bha airson aithneachadh chom-pàirtean co-strìtheach.

**Clàr 10: Aithneachadh chom-pàirtean co-strìtheach agus doirbhead an obair-phoileis – Gnè (%)**


		Fireannach	Boireannach
Dh'aithnich Poileas Alba nan dòigh-obrach aig COP26 an liuthad chom-pàirtean co-strìtheach a bha an-sàs	<b>Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh</b>	<b>52%</b>	<b>56%</b>
	Chan eil mi ag aontachadh no ag eas-aontachadh	17%	15%
	Ag eas-aontachadh gu mòr/Ag eas-aontachadh	17%	9%
	Chan eil fhios agam	14%	20%
Tha obair-phoileis timcheall luchd-iomairt is luchd-coiteachaidh aig tachartasan leithid COP26 dùbhlchanach, doirbh do na feachdan-poileis.	<b>Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh</b>	<b>75%</b>	<b>78%</b>
	Chan eil mi ag aontachadh no ag eas-aontachadh	10%	8%
	Ag eas-aontachadh gu mòr/Ag eas-aontachadh	9%	5%
	Chan eil fhios agam	6%	9%

Tha **Figear 2** gu h-ìosal a' nochdad gu bheil cuid nas motha de luchd-freagairt, ge be an aois, 'Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh' gun do dh'aithnich Poileas Alba nan dòigh-obrach aig COP26 an liuthad chom-pàirtean co-strìtheach a bha an-sàs agus gu bheil obair-phoileis timcheall luchd-iomairt aig tachartasan leithid COP26 dùbhlchanach, doirbh do na feachdan-poileis.

Mar bu shine na h-aoisean, 's ann na bu bhualtiche a bha iad air 'Ag aontachadh gu mòr/Ag aontachadh' a thaghadh airson an dà aithris. Bha sgaradh 31 puingean de cheudad eadar aoisean 16-34 agus 65+ a thaobh cò a bha ag aontachadh gun do dh'aithnich dòigh-obrach a' phoileis an liuthad chom-pàirtean co-strìtheach a bha an-sàs. Nuair a bheirear na freagairtean chan eil fhios/beachd agam air falbh, tha taic a' dol bho 49% de dh'aoisean 16-34 gu 77% de dh'aoisean còrr is 65 bliadhna.

Bha sgaradh 17 puingean a cheudad eadar na h-aoisean 16-34 agus 65+ cuideachd a thaobh cò a bha ag aontachadh gu bheil obair-phoileis timcheall luchd-iomairt agus luchd-coiteachaidh dùbhlchanach, doirbh do na feachdan-poileis aig tachartasan leithid COP26. Nuair a bheirear na freagairtean chan eil fhios/beachd agam air falbh, tha taic a' dol bho 76% de dh'aoisean 16-34 gu 90% den fheadhainn os cionn 55

**Figear 2: Aithneachadh chom-pàirtean co-strìtheach agus doirbhead an obair-phoileis – Aois (%)**



## Sùil air adhart

Tha an sgrùdadh-bheachd seo a' toirt fios don obair a tha SPA agus Poileas Alba a' dèanamh, le com-pàrtichean, gus beachdachadh air na leasanan a dh'ionnsaichear bhon obair-phoileis aig COP26. A chòrr air sin, tha prògram nas fharsainge de sgrùdaidhean bheachd SPA air bhlàr, gus beachdan is smuaintean a thional, agus aire a thoirt do chuspairean sònraichte. Tha seo a' toirt tuigsean agus fianais mar chuideachadh do rùn an Ùghdarrais, le Poileas Alba, a bhith a' cur rithe agus a' cumail suas earbsa a' phobaill ann an obair-phoileis.

## Fiosrachadh Teicnigeach

Dhealbh SPA an sgrùdadh seo le taic bho Diffley Partnership agus chaidh a lìbhrigeadh tron Phannal Air-loidhne ScotPulse. Fhuair an sgrùdadh, a rinneadh bho 24-28 Samhain 2021, 1,009 freagairtean bhon t-sluagh inbheach, aois 16+, thairis air mòr-roinn còd-puist G.

Tha an anailis san duilleag-fiosrachaidd seo tuairisgeulach agus cha ghabh na toraidhean a chleachdadh gu coitcheann do shluagh na h-Alba. Gus na toraidhean a rannsachadh dhut fhèin, tha thu di-beathte tadhal air làrach-lìn SPA an-seo airson sealtainn air na clàran-dàta.

## A' cumail cluas ri claisneachd

Gus cumail suas ri ar n-obair, cùm sùil air [làrach-lìn](#) Ùghdarras Poileas na h-Alba far an urrainn dhut pàipearan fhaighinn agus coimhead air deasbadan comataidh air an sruthadh beò, no lean rinn air Twitter @ScotPolAuth agus LinkedIn @ScottishPoliceAuthority

Ceann-là foillseachaidh: 20 Dùblachd 2021